

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Breviarium Aberdonense

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 902. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 598 corresponds to Litir 902.

Bha mi ag innse dhuibh mu Naomh Faolan. Chaidh e gu àite air an robh ‘An Srath’ ann an ceann shuas Ghleann Dochard Bha làrach air a comharrachadh an sin airson eaglais a thogail. Bha torc-nimhe air a bhith a’ cur dragh air na daoine ann ach dh’iomain Faolan agus a chù beag air falbh e. Tha an stòiridh seo inntinneach dhomh oir tha an sgìre sin gu mòr co-cheangailte ri sgeulachdan na Fèinne. Am measg sin, tha ‘Diarmad agus Gràinne’ anns a bheil torc-nimhe.

Co-dhiù, fhad ’s a bha Faolan a’ togail na h-eaglaise, chaidh na daimh aige fhuasgladh bho na cairtean a bha iad a’ tarraing. Air an oidhche, thàinig madadh-allaidh. Dh’ith e fear de na daimh.

Anns a’ mhadainn dh’aithnich Faolan gun robh e gann de dhamh. Rinn e ùrnaigh do Dhia gun tilleadh an aon mhadadh-allaidh agus gum biodh e soitheamh, socair. ’S e sin a thachair. Leig am madadh-allaidh le Faolan a chur ri crann mar gur e damh a bh’ ann. Dh’obraich e mar dhamh fhad ’s a bhathar a’ togail na h-eaglaise. An dèidh sin, dh’fhalbh am madadh-allaidh agus chaidh e air ais mar a bha e.

Rinn Faolan iomadh mìorbhail eile agus bha gràdh aig muinntir an àite air. Chaochail e mu dheireadh air an naoidheamh latha dhen Fhaoilleach. Agus ’s e Srath Fhaolain a chanadh daoine ris an t-srath bho sin a-mach.

Chanainn dà rud mun sgeul. Tha am facal Faolan a’ ciallachadh ‘madadh-allaidh beag’. Agus ’s e am Faoilleach – mìos a’ mhadaidh-allaidh – mìos a bhàis. Co-dhiù tha an dà rud sin cudromach ann an dòigh sam bith, chan urrainn dhomh a ràdh.

Thàinig an sgeulachd sin à *Breviarium Aberdonense – The Aberdeen Breviary* a dh’ainmich mi an t-seachdain sa chaidh. Cuiridh mi crìoch air an Litir le sgeulachd eile bhon dearbh leabhar. ’S ann mu dheidhinn Naoimh Ma-ruibh a tha i – naomh le ceangal sònraichte don Chomraich, an dùthaich agam fhìn.

Thàinig Dànaich don Chomraich. Tha amharas agam gur e Nirribhich a bh’ annta ach tha an leabhar ag ràdh gur e Dànaich a bh’ annta. Canaidh mi ‘Lochlannaich’ riutha. Bha iad a’ dèanamh sgrios air a’ Ghàidhealtachd. Dh’inns na pearsaichean-eaglais dhaibh gun robh an dùthaich sin na comraich airson sia mìle air gach àird bho Eaglais a’ Chlachain. Bha sin air sgàth buadhan Ma-ruibhe.

Ach bha na Lochlannaich coma. Cha do ghabh iad sùim dhen dualchas eaglaiseil aig muinntir an àite. Ghoid iad tòrr stuth, sprèidh nan daoine nam measg. Thill iad do na bàtaichean aca. Tha neach-aithris an sgeòil ag innse dhuinn nach robh na Lochlannaich air dad òl no ithe fhad ’s a bha an casan air tìr.

Chaidh iad air bòrd nan soithichean aca. **Chuir iad na siùil an-àirde.** Bha iad a' falbh **air chùrsa** a bha a' coimhead fàbharach dhaibh. Ach feumaidh gun robh beachd eile aig Dia. Ged nach robh fairge mhòr sam bith ann, gu h-obann shluig a' mhuir iad uile agus bha iad air am bàthadh.

Ged a fhuair Maolrubha fhèin bàs anns an Eilean Dubh, tha fios aig muinntir na Comraich eadhon an-diugh far an robh e air a thiodhlacadh ann an Cladh a' Chlachain. Agus tha an cunntas anns a' *Bhreviarium* ag innse dhuinn gur e an naomh fhèin a dh'iarr gum biodh a dhust air a ghiùlan don Chomraich.

* * * * *

Faclan na Litreach: Naomh Faolan: *Saint Fillan*; Ghleann Dochart: *Glen Dochart*; torc-nimhe: *wild boar*; madadh-allaidh: *wolf*; mìorbhail: *miracle*; Nirribhich: *Norwegians*; Lochlannaich: *Scandinavians*; pearsaichean-eaglais: *clerics*; sprèidh: *livestock*.

Abairtean na Litreach: dh'iomain Faolan agus a chù beag air falbh e: *Fillan and his small dog drove it away*; gu mòr co-cheangailte ri sgeulachdan na Fèinne: *that area strongly connected to Fingalian legends*; chaidh na daimh aige fhuasgladh bho na cairtean: *his oxen were untied from the carts*; dh'aithnich Faolan gun robh e gann de dhamh: *Fillan recognised that he was short of an ox*; gun tilleadh an aon mhadadh-allaidh agus gum biodh e soitheamh, socair: *that the same wolf would return and that it would be gentle and tranquil*; leig am madadh-allaidh le Faolan a chur ri crann: *the wolf allowed Fillan to fix it to a plough*; fhad 's a bhathar a' togail na h-eaglaise: *while the church was being built*; 's e Srath Fhaolain a chanadh daoine ris an t-srath: *the people called the strath Strathfillan*; 's e am Faoilleach – mìos a' mhadaidh-allaidh – mìos a bhàis: *January – the wolf month – is the month of his death*; co-dhiù tha an dà rud sin cudromach ann an dòigh sam bith: *whether [or not] those two things are important in any way*; mu dheidhinn Naomh Ma-ruibh: *about St Maolrubha*; thàinig Dànaich don Chomraich: *Danes came to Applecross*; gun robh X na comraich airson sia mìle air gach àird bho Eaglais a' Chlachain: *that X was a sanctuary for six miles in each direction from the Clachan Church*; air sgàth buadhan Ma-ruibhe: *because of Maolrubha's virtues*; cha do ghabh iad sùim dhen dualchas eaglaiseil: *they took no notice of the church heritage*; nach robh X air dad òl no ithe: *that X hadn't drunk or eaten anything*; ged nach robh fairge mhòr sam bith ann: *although it was fairly calm*; shluig a' mhuir iad: *the sea swallowed them*; gum biodh a dhust air a ghiùlan: *that his mortal remains would be carried*.

Puing-chànain na Litreach: Bha iad a' falbh **air chùrsa** a bha a' coimhead fàbharach dhaibh: *they were going on a [sailing, navigational] course that was looking favourable for them. An old grammatical rule, in which nouns were lenited in the indefinite dative singular, is fossilized today for us in certain phrases eg air mhàl, mean air mhean, beag air bheag, air thoiseach, air chuairt. Here is a maritime example. In some dialects the terminal 'a' is elided in speech ie tha i air chùrs' 'she is on course'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: **Chuir iad na siùil an-àirde:** *they hoisted the sails.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoineachadh le MG ALBA